



COMHAIRLE AONGHAIS

AM PLANA GÀIDHLIG

2022-2027

Tha am plana seo air ullachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 26.01.22.

Gabhaidh susbaint an fhoillseachaidh seo, no earrannan dheth, am faotainn ann an diofar chruthan no air an eadar-theangachadh gu cànanan coimhearsnachd eile. Cuiribh fios gu ACCESSLine na Comhairle air 03452 777 778 airson tuilleadh fiosrachaidh.

FACAL-TOISICH

Facal-toisich leis an Àrd-Oifigear agus Pròbhaist Comhairle Aonghais

Fàilte gu an dàrna eagraan de Phlana Gàidhlig Chomhairle Aonghais, a tha a' mineachadh ar n-àrd-amasan don Ghàidhlig thar nan còig bliadhna a tha ri teachd gu 2027, agus ag aithris air adhartas a tha dèante bho thoiseach a' chiad Phlana againn ann an 2014. Tha sinn fhathast dealasach mu na cinn-uidhe a tha mìnichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thaobh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd a dhìon, le bhith ag amas air ìomhaigh a' chànain àrdachadh agus barrachd chothroman a sholarachadh do ar coimhearsnachdan air a bhith a' conaltradh ann an Gàidhlig.

Bho 1995, tha Comhairle Aonghais air taic ghnìomhach a chur ris a' Ghàidhlig tro fhoghlam foirmeil bun-sgoile agus tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a bhith aig teis-meadhain nan leasachaidhean sin.

Tha eachdraidh fhada air a bhith aig Gàidhlig ann an sgìre Aonghas agus tha luchd-labhairt Gàidhlig a' còmhnaidh san sgìre, a tha nam pàirt bheag agus chudromach de ar coimhearsnachd. Is e ar miann, chan e a-mhàin na h-àireamhan a chumail suas, ach na h-àireamhan sin a mheudachadh tro na h-amasan agus na gnìomhan a tha glèidhte anns a' Phlana Gàidhlig.

Tha ar gealltanasan taobh a-staigh a' Phlana, a' mìneachadh na bhios sinn a' dèanamh gus Gàidhlig adhartachadh agus a h-inbhe a thogail ann an dòigh cho-rèireach. Ach, bidh sinn a' brosnachadh ar seirbheisean gu a dhol thairis air na gealltanasan sin.

Tha am Plana Gàidhlig seo air aontachadh le ar buidheann leasachaidh Gàidhlig air an taobh a-staigh, leis an àrd-sgioba stiùiridh, agus leis na buill thaghte.

Margo NicUilleim
Àrd-Oifigear

Ronnie Proctor
Pròbhaist Comhairle Aonghais



SUSBAINT

EARRANN 1

1. **Gàidhlig ann an Alba**
2. **Aonghas – Àite, Daoine agus Comhairle**
3. **Gàidhlig ann an Aonghas (i) Eachdraidh
(ii) Foghlam
(iii) Cosnaichean**

EARRANN 2

4. **Ar n-Amasan Àrd-ìreil**

EARRANN 3

5. **Cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig**
 - **Togail Cànan**
 - **Cleachdadh Cànan**
 - **Inbhe Cànan**
 - **Corpas Cànan**

EARRANN 4

6. **Buileachadh agus Sgrùdadh**

**Eàrr-ràdh 1(a) agus (b) - In-Sgrùdaidhean air Comas Gàidhlig
Eàrr-ràdh 2 - Freagairtean do cho-chomhairleachadh reachdail**



EARRANN 1

1. GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba leis an amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis cho-ionann (**nota**¹) ri Beurla.

Tha suidheachadh na Gàidhlig cugallach, leis an àireamh de luchd-labhairt ann an Alba a' dol sìos. Tha Achd 2005 ag iarraidh gun toir an roinn phoblach ann an Alba Plana Gàidhlig gu buil, a bhios buailteach do ath-sgrùdadh gach 5 bliadhna. Chaidh an t-solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach gnìomhach ann an cruthachadh àm teachdail don Ghàidhlig a bhios seasmhach, le bhith ag àrdachadh a h-inbhe, a h-ìomhaigh agus a cleachdadh san dachaigh, san àite-obrach, sa choimhearsnachd agus ann an suidheachaidhean ionnsachaidh.

Stèidhich an Achd Bòrd na Gàidhlig, buidheann poblach reachdail neo-roinneil, gus cleachdadh air agus tuigse don Ghàidhlig adhartachadh air feadh Alba. Tha am Bòrd a' riochdachadh clach-oisein

¹ *Nota:* “Chaidh am prionnsapal a thaobh spèis cho-ionann in-chorpachadh do dh’Achd 2005 le Pàrlamaid na h-Alba mar aithris dhearbhadh air fiach agus luach na Gàidhlig, ann an aithne don fhìoras gu bheil luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a’ strì ri Gàidhlig a chleachdadh nam beatha ann an dòigh cho àbhaisteach ’s a ghabhas, gum bu chòir fialaidheachd spioraid a bhith ann an Alba a dh’ionnsaigh Gàidhlig agus nach bu chòir don chànan a bhith a’ fulang bho dhith spèis sam bith aig ìre chorpóra no ìre neach fa leth Chan eil a bhith a’ toirt spèis cho-ionann do Ghàidhlig ... a’ ciallachadh làimhseachadh co-ionann air Gàidhlig agus Beurla, no gum feum ìre shònraichte de sholar Gàidhlig a bhith ri fhaotainn anns gach suidheachadh. An àite sin, bu chòir do dh’ùghdarrasan poblach feuchainn, ge ’r bith dè an seòrsa suidheachadh cànanach ris a bheil iad a’ dèiligeadh, a bhith taiceil agus fialaidh a thaobh leasachadh na Gàidhlig. Cha bu chòir dhaibh an t-slighe-obrach as lugha a ghabhail gu leasachadh na Gàidhlig ach coimhead ri ìre an t-solair Ghàidhlig aca a leudachadh rè ùine. Ann an libhrigeadh sheirbheisean ann an Gàidhlig, bu chòir dhaibh strì ri dhèanamh cinnteach gu bheil iad de dh’inbhe agus càileachd a tha coimeasach riuthasan a thathar a’ solarachadh ann am Beurla.”

a' bhuileachaidh aig Riaghaltas na h-Alba air an dleastanasan fon Chairt Eòrpach airson cànanan roinneil no coimhearsnachd.

Tha amasan a' Bhùird a' gabhail a-steach:

- Stad a chur air crìonadh anns na h-àireamhan iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba le bhith a' meudachadh na h-àireimh a tha a' togail a' chànan.
- Cleachdadh agus tuigse don chànan a bhrosnachadh ann an co-rèir ri prìomh phrionnsapal an reachdais de spèis cho-ionann eadar Gàidhlig agus Beurla.
- Cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig fhurastachadh ann an Alba agus anns gach àite.
- Cleachadh agus tuigse do chànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig adhartachadh.

Am measg ghnìomhan eile, tha raon-dleastanais Bhòrd na Gàidhlig a' gabhail a-steach;

- Toirt Plana Nàiseanta Gàidhlig gu buil, agus a' co-òrdanachadh a libhrigeadh.
- Cumail sùil air leasachadh is buileachadh Phlanaichean Gàidhlig le buidhnean poblach.
- Sgaoileadh stiùireadh reachdail co-cheangailte ri leasachadh foghlam Gàidhlig.
- Comhairleachadh mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig.
- Adhartachadh na Gàidhlig gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.
- Solarachadh stiùireadh agus comhairle le iomairtean Gàidhlig.

Is e amas **Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023** lèirsinn a' Bhùird a stiùireadh air adhart, gum bi:

Gàidhlig air a faicinn 's air a cluinntinn air gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre agus gu bheil i aithnichte mar phàirt bhunaiteach de bheatha na h-Alba agus na maoin eaconamach is chultarach nàiseanta.

Tha prìomh theachdaireachdan agus phrìomhachasan sa Phlana Nàiseanta, a tha buntainneach do chòmhlaib, buidhnean agus daoine fa leth – “Buinidh a' Ghàidhlig do dh'Alba. Tha seo mu dheidhinn an ama a dh'fhalbh, an t-àm làthaireach agus an t-àm ri teachd. Tha a' Ghàidhlig na pàirt de ar dualchas.” Thuirt Iain Swinney, Leas-Chiad Mhinistear agus Rùnaire Caibineit airson Foghlam is Sgìlean: “Tha e air a bhith math fhaicinn gu bheil mòran iomairtean Gàidhlig air an sònrachadh le saothair is co-obrachadh com-pàirteachais làidir. Tha feum againn air an seo gus leantainn air adhart agus bu mhath leam na h-ùghdarrasan agus buidhnean uile a mhisneachadh gu cumail a' beachdachadh air na h-ath cheumannan a dh'fhaodas iad a ghabhail gus co-obrachadh ann an adhartachadh na Gàidhlig sna sgìrean aca.” (Facal-toisich do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023).

Tha Comhairle Aonghais ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt iomlan de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta is beatha chultarach na h-Alba. Tha sinn dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha mìnichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 agus air structaran is iomairtean a chur nan àite ann an sgìre Aonghas gus cur ri seasmhachd don Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd. A thuilleadh air sin, tha sinn ann an co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail ann an Siorrachdan Obar Dheathain, Peairt is Ceann Rois, Dùn Dè agus Fìobha, an dèidh buidheann Gàidhlig roinneil a stèidheachadh agus leanaidh seo air adhart.

Tha a' Chomhairle a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth lag agus ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheòthachadh mar chànan beò ann an Alba, tha oidhirp cho-òrdanaichte leis an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, riatanach gus:

- inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;
- cleachdadh meudaichte air a' Ghàidhlig, a bhrosnachadh.

Tha Plana Gàidhlig Chomhairle Aonghais 2022-2027 air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail a tha mìnichte ann an Achd 2005, le aire ga thoirt do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023, agus an Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig. Tha ar plana cuideachd a' cur taic ri buileachadh air Buil Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba 'Tha sinn a' d'èanamh uail à dearbh-aithne nàiseanta in-ghabhalach, cothromach agus làidir.' Tha an dearbh-aithne nàiseanta is cultarach seo air a mhìneachadh mar mhothachadh do dh'àite, mothachadh do dh'eachdraidh agus mothachadh do fèin. Tha e mìnichte leis na tha e a' ciallachadh a bhith Albannach; a bhith a' còmhnaidh ann an Alba nua-aimsireil; le cleamhnas ri Alba; agus a bhith comasach air com-pàirteachadh ann an co-chomann na h-Alba.

Is e an t-amas do mhuinntir Alba uile uail a ghabhail nan dùthaich. Is e aon dòigh air seo a choileanadh, tro 'ar cànanan agus àite na Gàidhlig taobh a-staigh ar coimhearsnachdan.'

Tha ar Plana Gàidhlig a' gabhail aithne de na tha gu h-àrd, agus a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an dòigh cho-rèireach ann an coileanadh ar n-obrachaidhean, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh air Gàidhlig nar conaltradhean agus mar a dh'adhartaicheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig.

Plana Gàidhlig Comhairle Aonghais

Tha ceithir earrannan a' dèanamh suas a' Phlana Ghàidhlig againn:

Earrann 1 a' solarachadh co-theacsa nàiseanta is ionadail air taobh a-staigh a tha am Plana air a leasachadh.

Earrann 2 a' mìneachadh ar n-amasan àrd-ìreil, a tha a' cuimseachadh sa mhòr-chuid air mar a chuireas sinn taic ri libhrigeadh air a' Phlana Ghàidhlig Nàiseanta mar a tha mìnichte ann an earrann 3, a thuilleadh air co-cheangal ri cuid de ghealltanasan corporra ann an earrann 2. San earrann seo, gabhaidh sinn a-steach mar a chleachdas a' Chomhairle, agus a chomasaicheas a' Chomhairle cleachdadh air Gàidhlig a thaobh ar prìomh ghniomhan gnothachais. Tha e a' còmhach prìomh raointean obrachaidh leithid dearbh-aithne chorporra, soidhneachd, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh air Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha an earrann cuideachd a' mìneachadh na h-ìre as lugha de sholar Gàidhlig do bheil sinn air gealltainn a sholarachadh rè beatha a' Phlana.

Earrann 3 a' mìneachadh mar a chuidicheas a' Chomhairle le Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn a sùileachadh ri cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh ann am planadh agus libhrigeadh ar seirbheisean, gu h-àraid ann am foghlam agus seirbheisean cultarach.

Mu dheireadh, tha earrann 4 a' mìneachadh mar a bhios buileachadh a' Phlana Ghàidhlig againn air a thoirt air adhart.

Tha Achd 2005 ga dhèanamh riatanach gun toir buidhnean poblach an t-ullachadh air am Planaichean Gàidhlig gu aire phàrtaidhean uile aig a bheil ùidh. Cho-chomhairlich Comhairle Aonghais fada is farsaing agus gu poblach rè ullachadh a' Phlana seo agus ghabh iad cunntas air riochdachaidhean a bha dèante tron phròiseas co-chomhairleachaidh reachdail fad sia seachdainean. Tha na toraidhean a thàinig a-mach às a' cho-chomhairleachadh ann an earr-ràdh 2 den aithisg seo.

Chaidh dreach den Phlana Ghàidhlig a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 16 Sultain 2019, oir b' e 2019 – 2024 a' chiad ceann-latha den dàrna eagraan den Phlana. Ach, mar thoradh air cothlamadh de shuidheachaidhean, tha am Plana ath-sgrùdaichte a-nis ga chur a-steach san Fhaoilleach 2022.



2. AONGHAS – ÀITE, DAOINE IS COMHAIRLE

Is e sgìre de bhòidhchead air leth a th' ann an sgìre **Aonghais**, stèidhichte air costa an ear na h-Alba le oirthir gharbh charraigeach a' fosgladh a-mach gu gleanntan fradharcach agus gu srath thorrach Shrath Mhòir. Tha cleamhnas làidir eachdraidheil aig na glinn fhèin le Gàidhlig.

Mar sgìre a bha timcheall air 2,180km² agus ged a tha i sa mhòr-chuid dùthchail, tha àireamh-sluaigh de 116,700 (Clàran Nàiseanta na h-Alba, 2016) ann an sgìre Aonghais a tha sa mhòr-chuid a' còmhnaidh taobh a-staigh no mu thimcheall nan seachd borghan de Obar Bhrothaig, Breichin, Càrn Ùstaidh, Baile Fharfair, Cearan Mhoire, Monadh Fèithe agus Monadh Rois. Gu làithreach, tha trì chairteal den àireamh-sluaigh a' còmhnaidh anns na bailtean sin, leis a' chòrr dhiubh anns na bailtean beaga mun cuairt agus sna ceàrnaidhean dùthchail.

Aithnichte mun cuairt an t-saoghail mar Àite-breith na h-Alba, tha sgìre Aonghais uailleil a thaobh soidhneadh Foirgheall Obar Bhrothaig ann an Abaid Obar Bhrothaig ann an 1320 adhartachadh, agus b' e na planaichean gum biodh a' Ghàidhlig gu mòr na pàirt den chomharrachadh air an 700^{mh} ceann-bliadhna ann an 2020 – anns a' Chaismeachd, agus le com-pàirt clann sgoile ag aithris Foirgheall Obar Bhrothaig ann an Gàidhlig. Gu mì-fhortanach, mar thoradh air galar-sgaoilte Covid 19, cha do ghabh na subhachasan sin àite.

Tha sgìre Aonghais cuideachd a' gabhail tlachd à buannachdan beatha an latha an-diugh, a thuilleadh air ceanglaichean susbainteach le àm a dh'fhalbh a bha dathte agus cudromach gu h-eachdraidheil.



Daoine. Tha na figearan slugh-thomhas as ùire bho Chlàran Nàiseanta na h-Alba ann am meadhan 2016, a' tuairmseadh gu bheil àireamh-sluaigh sgìre **Aonghais** a' cunntadh airson 2.2% den àireamh-sluaigh iomlan ann an Alba, agus ann an co-rèir ri àireamh-sluaigh iomlan na h-Alba, lean sin air ag èirigh rè an ama bho 2011 (110,630 – Cunntas-sluaigh 2011) gu 2016 (116,520 – Clàran Nàiseanta na h-Alba).

Tha sgaradh slugh-thomhas ann an àireamh-sluaigh sgìre Aonghais a tha san fharsaingeachd nas sine na an cuibheas Albannach: tha 60.6% den àireamh-sluaigh de aois obrach, tha 16.7% nan cloinn agus 22.7% de aois a' pheinnsein. Tha am pròifil gnèitheach 51.3% boireann gu 48.7% fireann, coltach ris a' cuibheas nàiseanta (i.e. 51% boireann gu 49% fireann).

Gu cuibheasach bho 2009 gu 2011, bha in-shruth lom de 230 neach ag imrich gu sgìre Aonghais gach bliadhna.

Tha **Comhairle Aonghais** mar aon de 32 ùghdarras ionadail aonadach ann an Alba a thàinig gu bith air 1 Giblean 1996, a' leantainn air ath-eagrachadh air an riaghaltas ionadail. Tha e cunntachail airson farsaingeachd de raointean libhrigidh sheirbheisean, a' gabhail a-steach foghlam, cùram chloinne, slàinte àrainneachdail, planadh is smachd togail, taigheadas, stiùireadh sgudail, cumail suas rathaidean poblach (seach prìomh rathaidean) agus planadh èiginneach.

Tha an àireamh de dhaoine a tha a' chomhairle a' fastadh air a bhith a' lùghdachadh – ann an 2019 bha 4,194 againn de chosnaichean a bha na lùghdachadh de 1,206 on a' chiad eagan de ar Plana Gàidhlig ann an 2014. Ach, rè an ama sin, chaidh Angusalìve, an t-Urras chur-seahdan is cultair, a stèidheachadh agus chaidh cosnaichean a bha air am fastadh roimhe aig a' chomhairle a ghluasad chun an Urrais, mar sin chan eil coimeas dìreach ann le figearan a thaobh cosnaichean na comhairle. Airson soilleireachadh, tha Angusalìve a' libhrigeadh ghniomhan na comhairle a thaobh cultar nar Plana.

Ann an 2021, bha an àireamh de chosnaichean comhairle air meudachadh gu 4,479, gu mòr mar thoradh air leudachadh ann an luchd-obrach thràth-bhliadhnaichean.



Tha suidheachaidhean riaghlaidh poilitigeach na comhairle a' gabhail a-steach:

- Làn-chomhairle de 28 bhuill thaghte a' còmhach ochd uàrdan ioma-bhall, leis gach uàrd le trì no ceithir chomhairlichean a rèir àireamh luchd-bhòtaidh anns gach uàrd.
- Bidh Comhairle Aonghais agus comataidhean Poileasaidh is Ghoireasan a' dèiligeadh ri cùisean ro-innleachdail agus corporra, a tha a' toirt buaidh tarsainn na comhairle air fad.
- Tha trì chomataidhean seirbheis an làthair a tha a' gabhail a-steach Clann is Ionnsachadh, Coimhearsnachdan, agus Inbhean Leasachaidh.
- Tha Comataidh Rannsachaidh is Sgrùdaidh ann cuideachd.

Tha àrd-òifis rianachd stèidhichte ann am Baile Fharfair, mar a tha seòmraichean na comhairle. Tha caiteachas lom buidseat na Comhairle airson 2019/20 aig £283.853 millean ann an co-rèir ris a' Bhuidseat Sealadach a chaidh a stèidheachadh air 21 Gearran 2021.

Is e lèirsinn na comhairle: Is e àite mìorbhaileach a th' ann an sgìre Aonghais a bhith a' fuireach, ag obair agus a' tadhal ann, agus faodaidh Gàidhlig cur ris an lèirsinn sin.

3. GÀIDHLIG ANN AN SGÌRE AONGHAIS

(i) Tha **eachdraidh na Gàidhlig ann an sgìre Aonghais** a' dol air ais gu timcheall air an ochdamh linn. Bha sgìre Aonghais na laighe ann an dùthaich nan Cruithneach, slugh Ceilteach a bha a' labhairt cànan a bhathar a' meas coltach ris a' chànan a shoirbhich sa Chuimrigh.

Thathar a' meas chànanan Ceilteach mar a bhith a' beantainn do dh'aon de dhà bhuidheann a tha aithnichte mar "P" agus "Q". Tha buidheann "P" a' gabhail a-steach Cruithnis, Cuimris, Còrnais, agus Breatnais, agus sa bhuidheann "Q" tha Gàidhlig, Gaeilge agus Manannais. Tha cànanan gach buidheann dàimheil da chèile, ach bha iad eadar-dhealaichte gu leòr fiù san t-siathamh linn, airson feum air eadar-theangair nuair a choinnich Colm Cille ri Bruise, Rìgh nan Cruithneach.

Rè na h-ochdamh is naoidheamh linn, bhiodh Rìghrean a' co-riaghladh anns gach rìoghachd Ghàidhlig Albannach de Dhail Riata agus rìoghachd nan Cruithneach. Bhon àm sin, tha soidhnichean a' tòiseachadh a' tighinn am bàrr de bhuidheann Ghàidhlig a' meudachadh ann an taobh an ear nan Cruithneach. Le Cinaed (Coinneach) MacAlpein a' tighinn ann an 848, thàinig Gàidhlig gu bhith mar chànan nan clasaichean riaghlaidh ann am Pictavia, agus ged a bha e air ainmeachadh *Rex Pictorum*, nuair a bhàsaich e ann an 858 thàinig Gàidhlig gu bhith mar chànan Rìoghachd ùr na h-Alba.

Shoirbhich Gàidhlig mar an cànan labhairte ann an sgìre Aonghais fada a-steach don linn fhiùdalach, ach tha e coltach gun do ghabh Albais làmh-an-uachdar ron tritheamh linn deug, co-dhiù ann an sgìre iochdrach Aonghais.

Lean Gàidhlig oirre ga labhairt ann an gleanntan na Gàidhealtachd, agus chì sinn bho na shoirbhich de dh'ainmean-àite Gàidhlig, gun deach mòran dhiubh sin a dhèanamh suas sna linntean a dh'fhalbh. Ach, an uair sin dh'fhuiling a' Ghàidhlig crìonadh cudromach ann an sgìre Aonghais, ann an cumantas leis a' mhòr-chuid de sgìrean air Galltachd na h-Alba. Tha fios againn bho chunntasan co-aimsireil gun robh Gàidhlig fhathast ga labhairt leis a' mhòr-chuid de luchd-còmhnaidh Ghleann Easg tràth san 17^{mh} linn. Tha am mapa a leanas a' taisbeanadh far an robh Gàidhlig air a labhairt timcheall air 1682.

Gaelic in Scotland in the Seventeenth Century




Image reproduced by kind permission of Prof Charles Withers, from his book *Gaelic in Scotland 1698-1981: The Geographical History of a Language* (John Donald 1984)

Tha e air aithris gun robh an neach-labhairt Gàidhlig mu dheireadh ann an Gleann Easg beò ann an cuimhne dhaoine rè meadhan na 20^{mh} Linn. Ach, chan eil fiosrachadh ri fhaotainn a chuireas taic ris a' bheachd seo no a dhearbhas a bheil seo a' toirt iomradh air neach-labhairt dùthchasach ionadail no neach a dh'imrich a-steach bho àiteigin eile ann an Alba.

Tha clàran de luchd-labhairt na Gàidhlig bho chunntas-sluaigh san 19^{mh} linn, ag ràdh gun robh Gàidhlig ga labhairt le àireamhan beaga de dhaoine ann an gleanntan Aonghais, ach tha e coltach gun do dh'imrich iad a-steach bho sgìrean na Gàidhealtachd far an robh Gàidhlig ga cleachdadh gu cumanta.

Annas na h-amannan mu dheireadh, tha Cunntas-sluaigh 2001 agus 2011 air comharrachadh gun robh ann an Comhairle Aonghais:

% de luchd-labhairt Gàidhlig ann an 2001	0.45%
% de luchd-labhairt Gàidhlig ann an 2011	0.37%

(ii) Foghlam. Tha solar Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle a' cuimseachadh sa chiad àite mu thimcheall Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, leis an amas air comasachd fhaotainn san dà chuid Gàidhlig agus Beurla. Thathar a' teagasg a' churraicealaim do chlann tro mheadhan na Gàidhlig, air a leantainn le cleachdadh mean air mhean ann am Beurla. Ro dheireadh prìomh a seachd, bidh clann a chaidh oideachadh ann an Aonadan tro Mheadhan na Gàidhlig air an curraicealam a chrìochnachadh agus cuideachd fileanta ann an Gàidhlig. Is iad prìomh a h-aon gu prìomh a trì na h-irean 'bogaidh' far a bheil an teagasg uile ga choileanadh tro mheadhan na Gàidhlig. Annas an teirm mu dheireadh de phrìomh a trì, tha leugh is sgrìobhadh ann am Beurla ga thoirt a-steach beag air bheag.

Tha clann a tha air an oideachadh ann an clasaichean tro Mheadhan na Gàidhlig a' fàs suas le eòlas domhainn air agus spèis do chultar luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Tha an t-eòlas Gàidhlig ag adhartachadh modh beatha a tha nas fharsainge agus nas mothachaile do na cothroman ann an Roinn Eòrpa a tha ioma-chànanach.

Gabhaidh libhrigeadh air foghlam Gàidhlig ann an sgìre Aonghais a gheàrr-iomradh mar a leanas:

Ro-sgoile

Chan eil solar ro-sgoile Gàidhlig sam bith an làthair, ach tha beagan in-chur aig an tidsear bun sgoile le bhith a' frithealadh na sgoil-àraich air bhunait seachdaineach.

Bun-sgoil

Chaidh an clas tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre Aonghais fhosgladh ann am Bun-sgoil Kirkriggs ann am Baile Fharfair ann an 1995 agus ath-ghluasad gu Bun-sgoil Whitehills ann an 2007. Ged a tha an seòmar-teagaisg fhèin aca, tha iad gu mòr nam pàirt de choimhearsnachd iomlan na sgoile. Bidh a' chlann còmhla ris a' chòrr den sgoil airson cruinneachaidhean sgoile, tursan sgoile, teagasg speisealaichte, amannan cluiche agus gnìomhachdan coitcheann.

Tha pàrantan gu mòr an sàs ann an obair a' chlas agus na sgoile fharsaing, agus tha co-obrachadh dlùth leis an tidsear Ghàidhlig.

Bidh clann bho Bhun-sgoil Whitehills a' gabhail pàirt ann an còisir na sgoile a' seinn òrain ann an Gàidhlig agus Beurla.

Rè na bliadhna acadaimigich 2018-19, bha naoinear sgoilearan gan teagasg sa bhun-sgoil. San Iuchar 2021, bha seo air meudachadh gu 11 sgoilearan.

Àrd-Sgoil

A' leantainn air tidsearan Gàidhlig a' fàgail tro bheatha a' chiad Phlana Ghàidhlig againn, cha robh sinn comasach air tidsearan eile a thrusadh, a dh'aindeoin mòran oidhirpean. Chaidh ionnsachadh didseatach a rannsachadh agus bha duilgheadasan mu thimcheall luchd-obrach dha, a' gabhail a-steach dùbhlain mòra mu thimcheall chlàran-ama. Ach, tha e-sgoil ga libhrigeadh do aon neach-ionnsachaidh làithreach (2021), agus tha sinn a' coimhead ri slighe a leasachadh do sgoilearan GME eile sna bliadhnaichean a leanas.

Chan eil GLPS (Ionnsachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil) ga libhrigeadh gu làithreach ann an sgìre Aonghais.

(iii) Suirbhidhean Chosnaichean

2015 Mar phàirt de ar Plana Gàidhlig 2014 – 2019, stèidhich sinn amas air suirbhidh den luchd-obrach uile a ghabhail os làimh agus comasan ann an Gàidhlig a chomharrachadh. Bhon Dàmhair chun na Dùbhlachd 2015, chaidh suirbhidh luchd-obrach a ghabhail os làimh gus stèidheachadh: an àireamh de chosnaichean sa chomhairle as urrainn Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh agus/no a labhairt; iadsan a tha ag ionnsachadh; agus iadsan a' nochdadh rùn air Gàidhlig ionnsachadh. Dh'fhaodadh cosnaichean freagairt don t-suirbhidh gu h-eileagtronaigeach, agus chaidh 1,500 suirbhidh pàipeir a sgaoileadh thucasan aig nach robh cothrom air suirbhidh eileagtronaigeach. Tha mion-sgrùdadh air na freagairtean don t-suirbhidh ceangailte ann an **Eàrr-ràdh 1 (a)**.

Fhreagair ochdad 's a còig le bhith ag ràdh gun robh ùidh no mòran ùidh aca ann an tuilleadh fiosrachaidh mun Ghàidhlig fhaotainn. Chaidh fios a chur dìreach chun nan cosnaichean sin a thaobh nan seiseanan mothachaidh Gàidhlig agus seiseanan còmhraidh Gàidhlig a ruith sinn às dèidh sin. Anns na clasaichean mothachaidh, bha buill thaghte aig an robh ùidh cuideachd.

Thòisich clasaichean aig àm lòn do 20 neach-obrach sa Mhàrt 2020, ach cha b' urrainn ach dà chlas àite a ghabhail mus tàinig an glasadh-sluaigh mar thoradh air a' ghalar-sgaoilte. San Fhaoilleach 2021, thòisich na clasaichean sin a-rithist air-loidhne, agus bha 12 luchd-obrach a' frithealadh.

2021. Sa Chèitean 2021, ghabh sinn an dàrna suirbhidh do luchd-obrach os làimh, a-rithist a' coimhead ris an àireamh de luchd-obrach a b' urrainn Gàidhlig a leughadh/sgrìobhadh no a labhairt, iadsan a bha ag ionnsachadh agus iadsan a' nochdadh rùn air barrachd ionnsachadh.

B' e suirbhidh eileagtronaigeach den luchd-obrach uile, a bha seo. Tha mion-sgrùdadh de na làn toraidhean ann an Eàrr-ràdh 1(b), ach tha beagan phuingeann airson an togail thar na h-ùine 2015 gu 2021, a' gabhail a-steach:

- dhùblaich an àireamh de fhreagairtean don t-suirbhidh bho 215 gu 429.
- dh'èirich an àireamh de luchd-obrach ag ràdh gum b' urrainn dhaibh beagan Gàidhlig a' labhairt, bho 29 gu 64.
- dh'èirich mothachadh do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig bho 32 gu 227.
- dh'èirich mothachadh do Phlana Gàidhlig na comhairle bho 24 gu 174.
- Dh'èirich fiosan mu ùidh ann an ionnsachadh barrachd agus ionnsachadh barrachd ann an cruth air choreigin de Ghàidhlig bho 85 gu 211 cosnaiche: Bha dìreach còrr air 400 freagairt airson mothachadh Gàidhlig sa chruth-tìre, airson clas aig àm lòn, no clas feasgair, a bha na àireamh iongantach.

San t-Sultain 2021, chaidh sia seiseanan de Mhòthachadh Gàidhlig sa Chruth-tìre a ruith (trì seiseanan air an ath-aithris aon turas le luchd-frithealaidh diofraichte), a bha a' gabhail a-steach cuibheas de 17 neach aig gach seisean.

Mar thoradh air an ìre de dh'iartras bhon t-suirbhidh, tha sinn a' coimhead ris na clasaichean coimhearsnachd agus clasaichean an luchd-obrach a cho-thaobhadh i.e. an fheadhainn làithreach a thoirt còmhla gus comasachadh dhuinn barrachd chothroman a thabhann do luchd-obrach eile/buill coimhearsnachd, air clasaichean Gàidhlig a ghabhail os làimh.

Bhathar an dòchas gum biodh sinn comasach air cafaidh tadhail a thòiseachadh do luchd-labhairt Gàidhlig, ri bhith air a shuidheachadh ann am Baile Fharfair, ach mar thoradh air cuibhreachaidhean a' phandamaig agus meud an t-seòmair, cha robh e comasach dhuinn sin a thòiseachadh. Ach, tha sinn a' leantainn air adhart a' rannsachadh comas air cafaidh tadhail air-loidhne na àite, agus an dòchas seo a bhith na àite ro dheireadh 2021.

Bho 2003, tha a' chomhairle air tabhann sgrìobhainnean, bileagan, planaichean comhairle a sholarachadh (no earrannan dhiubh) ann an Gàidhlig.

Chan eil buidhnean Gàidhlig aithnichte sam bith le oifisean ann an sgìre Aonghais, no buidhnean coimhearsnachd sam bith le obair Ghàidhlig ann an sgìre Aonghais. Bhon Chèitean 2021, tha clas coimhearsnachd Ghàidhlig air a bhith a' ruith ann an sgìre Aonghais, mar a tha minichte gu h-àrd.

EARRANN 2

4. AR N-AMASAN ÀRD-ÌREIL

Ann an co-bhonn le Bòrd na Gàidhlig, tha Comhairle Aonghais air aontachadh ri seata de dh'amasan àrd-ìreil a tha iad airson a leantainn rè 2022 – 2028. Tha iad sin air a chlàradh gu h-ìosal:

Amasan Àrd-Ìreil	High-level Aims
Amasan àrd-ìreil airson na dàrna cuairt de Phlana Gàidhlig Comhairle Aonghais (CA).	High-level aims for the second edition of Angus Council's (AC) Gaelic Language Plan.
Bidh gach gealladh bhon chiad tionndadh de Phlana Gàidhlig CA a tha fhathast mar phàirt de dhleastanasan an ùghdarrais, air an toirt air adhart agus air an cur don phlana.	That all commitments from the first iteration of AC's Gaelic Language Plan which remain within its remit are carried forward and delivered.
Stèidhichte air an àireamh de chlann a tha a' dol tro fhoghlam tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig ann an 2019, ag amas air an àireamh seo a mheudachadh le 15% ro dheireadh a' Phlana.	Based on the number of children in Gaelic medium early years education in 2019, aim to grow this number by 15% by the end of the Plan.

<p>Conaltradh leis a' phoball gus dearbhadh far a bheil ùidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil, agus/no ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan eile faisg air làimh, tro chomhairleachadh air ar Plana Gàidhlig.</p>	<p>To engage with the public to determine where there is interest in primary GME, and/or in partnership with neighbouring authorities, through consultation on our Gaelic Language Plan.</p>
<p>Rannsachadh a dhèanamh air a bheil e comasach 1+2 Gàidhlig a sholarachadh ann am bun-sgoiltean ann an sgìre an ùghdarrais.</p>	<p>To explore potential to provide Gaelic 1+2 in primary schools in the authority area.</p>
<p>Cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh air an làraich-lìn agus air an eadra-lìn againn, le stiùireadh air an làraich-lìn do phàrantan, a thaobh a' chòir air tagradh a dhèanamh airson foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, ann an co-rèir ri Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.</p>	<p>To develop the use of Gaelic on our website and intranet, and to include guidance on the website for parents regarding the right to make a request for Gaelic medium primary education, in terms of the Education (Scotland) Act 2016.</p>
<p>Prògram teagaisg do luchd-ionnsachaidh aig ìre àrd-sgoile a leudachadh, air feadh sgìre na Comhairle.</p>	<p>Expand Gaelic learners secondary school provision across the Council area.</p>
<p>Cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'ìnbhich a leasachadh (is dòcha ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan eile) ann an coimhearsnachdan ann an sgìre an ùghdarrais.</p>	<p>To develop, (potentially in partnership with neighbouring authorities), Gaelic learning opportunities for adults in communities in the authority area.</p>
<p>Clasaichean Gàidhlig do luchd-obrach CA mar phàirt de CPD a leasachadh (is dòcha ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan eile), gu h-àraid luchd-obrach fàilteachais 's luchd-obrach eile a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball, agus luchd-obrach an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig.</p>	<p>To develop (potentially in partnership with neighbouring authorities) Gaelic classes for AC staff as part of CPD, particularly reception and other customer-facing staff, and staff involved directly in the implementation of the Gaelic Language plan</p>
<p>Leantainn air adhart a' leasachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an conaltraidhean, a' gabhail a-steach conaltraidhean mheadhanan sòisealta, far a bheil sin iomchaidh.</p>	<p>To continue to develop the use of Gaelic in communications, including social media communications where appropriate</p>
<p>Taic a chumail ri buidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd cultarach sean agus ùr ann an sgìre an ùghdarrais, gus cuideachadh le iomhaigh a' chànain a thogail, cleachdadh a mheudachadh agus luchd-ionnsachaidh ùr a bhrosnachadh.</p>	<p>To support existing and new Gaelic language and cultural community groups within the local authority area, to help grow the profile of the language, increase usage and encourage new learners.</p>
<p>Ealain, meadhanan, dualchas agus gnìomhachdan turasachd Gàidhlig a leasachadh, le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le buidheann ùghdarrasan ionadail Thaobh Tatha, a tha a' gabhail a-steach Comhairlean Aonghais, Peairt is Ceann Rois, Dùn Dè, Fìobha agus Siorrachd Obar Dheathain.</p>	<p>To develop Gaelic arts, media, heritage and tourism activities in the authority area, by working in partnership with the Tayside local authority group, comprising Angus, Perth and Kinross, Dundee, Fife and Aberdeenshire Councils.</p>



DEARBH-AITHNE

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd leudachaidh air lèirsinneachd na Gàidhlig agus meudachadh a h-inbhe.

Feallsanachd:

Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus soidhnichean ùghdarrais ionadail, a' meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig gu mòr, ag àrdachadh a h-inbhe agus a' libhrigeadh aithris chudromach mu dheidhinn mar a tha luach ga chur air a' Ghàidhlig agus aithne ga thoirt dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhneachd, briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shaidhbhreachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Suaicheantas Dà-chànanach	Tha suaicheantas na comhairle dà-chànanach.	Bidh suaicheantas dà-chànanach na comhairle a' taisbeanadh spèis cho-ionann ann an Gàidhlig is Beurla, gu bhith ga chleachdadh mar àbhaisteach air feadh a' bhuidhinn.	Spèis cho-ionann eadar Gàidhlig agus Beurla.	Air ath-ùrachadh	Poileasaidh Roinnleachdail, Cruth-atharrachadh is Ath-leasachadh na Roinne Poblach
Foilseachaidh ean, pàipearachd is eile.	Tha suaicheantas dà-chànanach na comhairle a' nochdadh air foillseachaidhean, pàipearachd is eile.	Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum bi an suaicheantas a' taisbeanadh spèis cho-ionann, a' nochdadh air sgrìobhainnean air an làraich-lìn againn, agus nuair a tha pàipearachd ri ath-ùrachadh. Cha do thachair poileasaidh air ath-sgrùdadh pàipearachd fhathast.	Spèis cho-ionann don Ghàidhlig le bhith a' dèiligeadh ris an fheum air soidhneachd, pàipearachd agus bràistean ID dà-chànanach.	Ath-sgrùdaichte ro 2027	Poileasaidh Roinnleachdail, Cruth-atharrachadh is Ath-leasachadh na Roinne Poblach
Ainmean Charbadan	Aig àm ath-ùrachaidh, bidh na h-ainmean a' gabhail a-steach suaicheantas dà-chànanach na comhairle.	Cuiridh sinn suaicheantas dà-chànanach corporra na comhairle agus fiosrachadh comhairle eile air carbadan na comhairle, nuair a bhios iad ath-ùraichte no air an ionadachadh mar phàirt de phrògram solair is ath-ùrachaidh na comhairle.	Faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh air carbadan na comhairle.	Nuair a thèid ainmean ath-ùrachadh.	Coimhearsnachdan
Soidhneachd	Poileasaidh an làthair mu chleachdadh na Gàidhlig ann an soidhneachd i.e. soidhnichean dà-chànanach rim beachdachadh nuair a tha feum air soidhneachd	Gabhaidh sinn cunntas air an fheum airson modh-obrach cunbhalach air feadh na sgìre agus nan ùghdarrasan ionadail.	Gu bheil poileasaidh ann gum bi soidhnichean dà-chànanach ùr agus ainmean sràide uile, a' taisbeanadh spèis cho-ionann do Ghàidhlig is Beurla.	Bho 2022	Bun-structar

	ionadachadh.	Nuair a ghabhas sinn prògram ionadachaidh os làimh, bidh soidhnichean crìche agus ainmean-àite san sgìre a' gabhail a-steach eadar-theangachadh Gàidhlig mar a bhios comasach.	Meudachadh air faicsinneachd na Gàidhlig ann an tighinn a-steach do agus a' fàgail sgìre Aonghais.	Aig àm ath-ùrachaidh.	
	Tha 16 ainmean sràide a tha a-nis dà-chànanach, agus àireamh de shoidhnichean aig togalaichean na comhairle.	Nuair a tha ainmean sràide gan ath-ùrachadh no gan ionadachadh, thèid soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh mar a bhios comasach agus far a bheil tùs Gàidhlig iomchaidh san ainm, a' leantainn stiùireadh bho Ainmean-Àite na h- Alba.	Faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh ann an ainmean sràide.	Aig àm ath-ùrachaidh	
	Ag iarraidh air buidhnean soidhnichean turasachd ann am Beurla a mhaoineachadh.	Nì sinn ath-sgrùdadh air a' mhodh-obrach airson ainmeachadh shràidean ann an leasachaidhean ùra. Nuair a bhios soidhnichean turasachd gan ath-ùrachadh no gan ionadachadh, thèid soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh mar a bhios comasach agus freumh iomchaidh Gàidhlig san ainm. Nì sinn ath-sgrùdadh air a' mhodh-obrach an lùib iarrtasan airson soidhnichean turasachd ùra. Thèid na buidhnean a chomhairleachadh gu soidhnichean dà-chànanach a sholarachadh, far a bheil freumh iomchaidh Gàidhlig san ainm. Bheir sinn a-steach cleachdadh air soidhnichean dà-chànanach nuair a tha prògraman ionadachaidh no stiùiridh air an gabhail os làimh, far a bheil modh-obrach cunbhalach comasach a choileanadh, air bhunait ceum air cheum/priomhachais.	Thèid iarraidh air luchd-leasachaidh na h-ainmean a dhèanamh dà-chànanach, far a bheil freumh iomchaidh Gàidhlig san ainm. Faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh do luchd-turais. Na buidhnean le iarrtas, ri soidhnichean turasachd ùra a mhaoineachadh gus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh. Faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh air soidhnichean stiùiridh.	2027 2022 2024 2022	Bun-structar

Bheir sinn a-steach cleachdadh air soidhnichean dà-chànanach nuair a tha prògraman ionadachaidh air soidhnichean fo-rathaidean (puist meòire; soidhnichean phàircean chàraichean; bùird fiosrachaidh/eadar-mhìneachaidh is eile) air an gabhail os làimh, a' leantainn air cleachdadh nas fharsainge air soidhneachd Ghàidhlig.

Beachdachadh air cleachdadh air soidhneachd dà-chànanach a leudachadh san àm ri teachd.

2022

CONALTRADH

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd meudachaidh air cothroman airson cleachdadh àbhaisteach air Gàidhlig sa bheatha làitheil, agus dealasach a thaobh na h-ìre de sholar san sgìre seo a mheudachadh beag air bheag.

Feallsanachd:

Tha cleachdadh air Gàidhlig aig a' chiad choinneachadh a tha aig buill den phoball le ùghdarras poblach, a' meudachadh làthaireachd chlaistineach is fhaicsinneach a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air Gàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air ìomhaigh a' chànain a thogail, tha e cuideachd a' cruthachadh nan cothroman airson cleachdadh àbhaisteach agus a' brosnachadh buill den phoball gu Gàidhlig a chleachdadh ann an dèiligidhean a leanas leis an ùghdarras ionadail.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Fàilteachas	<p>Tha prìomhachas aig luchd-obrach fàilteachais airson trèanadh/clasaichean ann am mothachaidh don Ghàidhlig.</p> <p>Tha prìomhachas aig luchd-obrach sna sgoiltean a' dèiligeadh ris a' phoball, airson trèanadh/clasaichean ann am mothachaidh don Ghàidhlig.</p>	<p>Leanaidh luchd-obrach na comhairle uile agus luchd-obrach ANGUSalìve ann an seirbheisean san t-sreath thoisich, a' faotainn prìomhachas airson trèanadh/clasaichean ann am mothachaidh don Ghàidhlig.</p> <p>Leanaidh luchd-obrach ann an sgoiltean a' dèiligeadh ris a' phoball, far a bheil Gàidhlig ga teagasg, a' faotainn prìomhachas airson trèanadh/clasaichean ann am mothachaidh don Ghàidhlig.</p>	<p>An àireamh de luchd-obrach san t-sreath thoisich a mheudachadh, as urrainn Gàidhlig a labhairt aig a' chiad choinneachadh leis a' phoball.</p> <p>Mothachadh don Ghàidhlig do luchd-obrach fàilteachais a mheudachadh, ann an dèiligeadh ri sgoilearan agus pàrantan luchd-labhairt Gàidhlig.</p>	<p>Gach bliadhna bho 2022</p> <p>Gach bliadhna bho 2022</p>	<p>Taic Gnothachais, Angusalìve</p> <p>Sgoiltean is Ionnsachadh</p>
Postachd agus Post-d	<p>Bidh sinn a' freagairt ann an Gàidhlig do litrichean a gheibhear ann an Gàidhlig, a' cleachdadh eadar-theangachadh bhon taobh a-muigh.</p> <p>Tha cleachdaidhean puist-d gan ath-sgrùdadh.</p>	<p>Cuiridh sinn fàilte air litrichean Gàidhlig a gheibhear ann an Gàidhlig.</p> <p>Gabhaidh sinn ath-sgrùdadh air puist-d os làimh, gus comharrachadh far am biodh e ìomchaidh ainmean dà-chànanach a chur riutha. Thèid aithris-àichidh na comhairle a chleachdadh gu dà-chànanach.</p>	<p>Freagairtean a thoirt san raon-ama cheudna ri freagairtean ann am Beurla cho fada 's a ghabhas. Spèis cho-ionann don Ghàidhlig a mheudachadh.</p> <p>Ìomhaigh na Gàidhlig a mheudachadh air litrichean eileagtronaigeach.</p>	<p>2023</p> <p>2022</p>	<p>Taic Gnothachais</p> <p>HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais</p>

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Fòn	Chan eil an t-seirbheis eadar-mhìneachaidh làithreach a' gabhail a-steach Gàidhlig.	Leasaichidh sinn am pròiseas an lùib Gàidhlig a chur ri liosta nan solaraichean sheirbheisean de chànanan air an eadar-mhìneachadh, no coimhead ris an t-solar fhaotainn an àite eile. Chan eil sinn air a bhith comasach air fàilte ann an Gàidhlig a ghabhail a-steach air siostaman fèin-stiùiridh no innealan freagairt don t-seirbheis ACCESSLine againn, ach leanaidh sinn seo aig àm ath-ùrachaidh san àm ri teachd.	Faotainneachd air Gàidhlig a sholarachadh dhaibhsan a' fòndadh chun na comhairle a tha airson Gàidhlig a labhairt.	2023 2027	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.
Foirmean	Chan eil poileasaidh ann air modh freagairt do fhoirmean a tha air an lìonadh ann an Gàidhlig.	Gabhaidh sinn ri foirmean air an lìonadh ann an Gàidhlig, mura h-eil adhbharan nach eile e comasach, agus ainmich gu soilleir cuin a bhios seo e.g. cuibhreachaidhean laghail.	An cothrom a chomasachadh dhaibhsan a tha airson foirmean a lìonadh ann an Gàidhlig, gu sin a dhèanamh nuair a tha e iomchaidh.	2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.
Coinneamhan poblach	Gabhaidh goireasan eadar-theangachaidh an solarachadh ann an Gàidhlig ma gheibhear fios gum bi luchd-labhairt Gàidhlig an làthair, agus air eadar-theangair iarraidh. Tha fàilte sa Ghàidhlig ga thoirt aig toiseach gach coinneimh co-cheangailte ri Gàidhlig, air an taobh a-staigh agus le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh.	Leanaidh sinn a' solarachadh goireasan eadar-theangachaidh ann an Gàidhlig, ma gheibhear fios gum bi luchd-labhairt Gàidhlig an làthair agus air eadar-theangair iarraidh. Thèid an goireas seo adhartachadh far a bheil Gàidhlig mar am prìomh chuspair. Leanaidh sinn air adhart a' cleachdadh fàilte ann an Gàidhlig aig coinneamhan co-cheangailte ri Gàidhlig.	Ar dleasan a choileanadh a thaobh solar Gàidhlig. Spèis cho-ionann don Ghàidhlig a mheudachadh ann an coinneamhan a-staigh agus coinneamhan eile.	A' leantainn bho 2022 A' leantainn bho 2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais. HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

FOILLSEACHAIDHEAN

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd meudachaidh air cleachdadh na Gàidhlig, le amas fad-amail air an cànan adhartachadh air feadh nan seirbheisean aca.

Feallsanachd:

Faodaidh cleachdadh air Gàidhlig ann an raon de stuth clò-bhuailte leasachadh na Gàidhlig a chuideachadh ann an iomadh dòigh. Tha e a' cuideachadh le faicsinneachd a' chànain a mheudachadh, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìreil, agus is urrainn dha cuideachadh le briathrachas ùr a leasachadh agus briathrachas làthaireach adhartachadh. Tha cleachdadh air Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le dealas ùghdarrasan poblach a thaisbeanadh a thaobh fiosrachadh cudromach a bhith ri fhaotainn ann an Gàidhlig, a thuilleadh air faicsinneachd agus inbhe a' chànain àrdachadh. Mar a bhios barrachd dhaoine a' faotainn fiosrachadh mu ùghdarrasan ionadail tro an làraichean-lìn, faodaidh comas air cleachdadh na Gàidhlig inbhe agus faicsinneachd a' chànain àrdachadh gu mòr.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Dàimhean poblach agus meadhanan	Tha sinn a' foillseachadh naidheachdan is fiosrachadh mu gnìomhachdan co-cheangailte ri Gàidhlig na comhairle.	Leanaidh sinn a' foillseachadh naidheachdan is fiosrachadh na comhairle, co-cheangailte ri Gàidhlig, gu h-àraid a thaobh foghlam is cultar.	Iomhaigh na Gàidhlig a thogail agus na tha air a choileanadh a thaobh na Gàidhlig. Neach-labhairt bhon chomhairle don Ghàidhlig for Gaelic.	Bho 2022	Poileasaidh Roinnleachdail, Cruth-athararchadh is Ath-leasachadh na Roinne Poblach.
Stuth clò-bhuailte	Tha sinn a' toirt roghainn airson nluchd-labhairt Gàidhlig ar eadar-theangachadh iarraidh a' tuth bhon taobh a-muigh. Gu ruige seo, chan eil neach air eadar-theangachadh iarraidh.	Leanaidh sinn a' solarachadh seirbheis eadar-theangachaidh le iarraidh, do fhoillseachaidhean comhairle uile air an taobh a-muigh. Tha seo air aithris nar foillseachaidhean.	Iarrtasan eadar-theangachaidh gu Gàidhlig a choinneachadh.	Bho 2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

	Tha sinn ag ath-sgrùdadh cleachdadh air stuth clò-bhuailte is claisneachd a tha ri fhaotainn ann an Gàidhlig ann an leabharlannan agus goireasan, mar a tha dàta air cleachdadh a' sealltainn, no iarrtasan mar eisimpleir, bha fichead 's a sia leabhar ann an Gàidhlig air an ceannach do na leabharlannan agus deich gu sònraichte do dh'aonad Ghàidhlig Whitehills.	Leanaidh sinn ag ath-sgrùdadh cleachdadh air stuth clò-bhuailte is claisneachd a tha ri fhaotainn ann an Gàidhlig ann an leabharlannan agus goireasan.	Cuideachadh leis a' chànan, eachdraidh agus cultar na sgìre, adhartachadh. A dhèanamh comasach do luchd-leughaidh Gàidhlig cothrom fhaotainn no iarrtas air stuthan ùra nuadh-aimsireil.	Bho 2022	Angusalive
--	---	--	---	----------	------------

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Làrach-lìn	Tha beagan fiosrachaidh ann an Gàidhlig air na làraichean-lìn againn. Tha ceangal a-nis gu làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.	Leasaichidh sinn susbaint Ghàidhlig air na làraichean-lìn againn, a bhios a' taisbeanadh spèis cho-ionann do Ghàidhlig agus Beurla. Cumail suas an ceangal.	Togail air an dealas a thaobh Gàidhlig le Comhairle Aonghais. Dèanamh cinnteach gu bheil cothrom furasta aig luchd-cleachdaidh gu fiosrachadh nas mionaidiche mu chùisean Gàidhlig, a tha nua-aimsireil.	2023 2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

Taisbeanaidhean	<p>Tha cothrom ann a-nis air Gàidhlig a ghabhail a-steach do thaisbeanaidhean far a bheil sin iomchaidh.</p> <p>Ghabh aon taisbeanadh taigh-tasgaidh àite, a bha a' gabhail a-steach Gàidhlig (faic d21).</p>	<p>Solaraidhidh sinn fiosrachadh ann an Gàidhlig far a bheil e buntainneach don taisbeanadh. Thèid stuthan taisbeanaidh agus stuthan margaideachd is adhartachaidh a thathar a' cleachdadh sna sgoiltean ann am foghlam Gàidhlig ann an sgìre Aonghais, a thoirt gu buil ann an riochd dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis cho-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.</p> <p>Nochdaidh sinn Gàidhlig ann an stuthan margaideachd is adhartachaidh far a bheil traidisean, eachdraidh no cultar a' nochdadh ann an gnìomhachd chultarach a tha co-cheangailte ri no maoinichte leis a' chomhairle.</p>	<p>Taobhan cultarach de Ghàidhlig adhartachadh far a bheil e buntainneach do thaisbeanaidhean/gnìomhachd chultarach fa leth.</p>	<p>Bho 2022</p> <p>2022</p>	<p>Angusalive</p> <p>Sgoiltean is Ionnsachadh</p>
-----------------	---	--	--	-----------------------------	---



LUCHD-OBRACH

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil eòlas air Gàidhlig agus a cleachdadh, riatanach no ion-mhiannaichte. Tha a' chomhairle a' tuigsinn cuideachd cudromachd an lùib cosnaichean a chomasachadh air an sgilean Gàidhlig a leasachadh mas e sin an rùn.

Feallsanachd:

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach sgilean obrach agus sgilean cànan riatanach an luchd-obrach a leasachadh. Tha cothroman don luchd-obrach air ionnsachadh cànan a' cuideachadh le ionnsachadh Gàidhlig le inbhich adhartachadh, agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Cuiridh comharrachadh air obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach, gu mòr ri inbhe a' chànain agus an cànan a chomharrachadh mar sgil dheimhinneach a togail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh le tuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri choileanadh.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Trèanadh	Tha sinn air trèanadh ann an cànan na Gàidhlig a thoirt do luchd-obrach, agus air	Leanaidh sinn air adhart a' cleachdadh raon de mhodhan-obrach gus ar Plana Gàidhlig a chonaltradh do chosnaichean.	Mothachadh don Phlana Ghàidhlig againn a mheudachadh tro dhiofar dhòighean.	2022-2027	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic

	mothachadh chosnaichean don Ghàidhlig a thogail.				Gnothachais.
--	--	--	--	--	--------------

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
	<p>Ann an 2015, chuir sinn a' chiad suirbhidh chosnaichean air adhart, gus cosnaichean a chomharrachadh a tha a' labhairt, a' leughadh agus/no a' sgrìobhadh Gàidhlig. Chomharraich sinn cuideachd iadsan a bha airson Gàidhlig ionnsachadh agus/no mothachadh nas fheàrr don Ghàidhlig, eachdraidh agus a cultar fhaotainn.</p> <p>Chaidh an dàrna suirbhidh againn a chrìochnachadh ann an 2021, a' gabhail a-steach an luchd-obrach le ùidh ann an trèanadh ann an sgìlean Gàidhlig. Fhuair 400 iarrtas. Tha an tritheamh sgrùdadh ri choileanadh ann am beatha ar GLP.*1</p>	Nì sinn sgrùdadh air sgìlean air bhunait chunbhalach, taobh a-staigh beatha gach Plana.	Atharrachaidhean ann an togail sgìlean cànan a sgrùdadh.	2027	

	<p>Chaidh clasaichean Gàidhlig a thabhann do gach neach, agus fhuair neach sam bith san t-sreath toisich prìomhachas.</p> <p>Tha seiseanan mothachaidh don Ghàidhlig air àite a ghabhail. *2</p>	<p>Bheir sinn prìomhachas do thrèanadh ann an sgìlean Gàidhlig do luchd-obrach san t-sreath toisich, stèidhichte air toraidhean an sgrùdaidh air sgìlean Gàidhlig luchd-obrach.</p> <p>Leanaidh seiseanan mothachaidh don Ghàidhlig gan libhrigeadh gu luchd-obrach agus buill thaghte.</p>	<p>Àireamh mheudaichte de chosnaichean a' labhairt Gàidhlig.</p> <p>Luach na Gàidhlig a mheudachadh am measg chosnaichean agus buill thaghte, nuair a thèid buill ùra a thaghadh ann an 2022.</p>	<p>2022</p> <p>2022</p>	
Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
	<p>Ann an 2021, chaidh mothachadh don Ghàidhlig a thabhann sna seiseanan cruth-tìre do luchd-obrach agus don choimhearsnachd.</p> <p>Tha sinn a' cur taic ri CPD nuair a dh'èireas cothroman*3</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart a' cur taic ri luchd-teagaisg a thaobh tachartasan CPD Gàidhlig.</p>	<p>Ar dealas a thaobh na Gàidhlig do luchd-obrach ann am Foghlam, ath-neartachadh.</p>	<p>A' leantainn bho 2022</p>	<p>Sgoiltean is Ionnsachadh</p>

	<p>Chuir sinn an aithne duilleag air eadra-lìon an luchd-obrach leis na h-abairtean is faicil Ghàidhlig as cumanta an cleachdadh, ach tha seo air ruith a-mach.</p> <p>Chuir sinn ris fiosrachadh mu earrann trèanaidh ar n-eadra-lìn a thaobh tùsan de dhiofar stuthan ionnsachaidh Gàidhlig a tha rim faotainn, le ceanglaichean gu diofar làraichean-lìn.</p>	Cuiridh sinn duilleag an aithne a-rithist air eadra-lìon an luchd-obrach leis na h-abairtean is faicil as cumanta ann an Gàidhlig.	Cosnaichean a' fàs cleachdte ri cuid de Ghàidhlig thùsail air bhunait chunbhalach.	2022	Poileasaidh Roinnleachdail, Cruth-atharrachadh is Ath-leasachadh na Roinne Poblach.
Ionnsachadh Cànan	Tha clasaichean ionnsachaidh Gàidhlig do luchd-obrach a' gabhail àite *4	Cuiridh sinn air adhart cothroman air trèanadh sa Ghàidhlig a tha ri fhaotainn, sam faod luchd-obrach pàirt a ghabhail nan ùine fhèin.	Cosnaichean a bhrosnachadh agus adhartachadh gu togail air cothroman air Gàidhlig ionnsachadh.	A' leantainn bho 2022.	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.
	Tha sinn a' sanasachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig air eadra-lìon na comhairle agus ann am Mini Matters, litir-naidheachd eileagtronaigeach na comhairle do luchd-obrach.	Leanaidh sinn air adhart a' sanasachadh cothroman ionnsachaidh Gàidhlig sam bith, air eadra-lìon na comhairle agus ann am Mini Matters.	Cosnaichean a bhrosnachadh agus adhartachadh gu togail air cothroman airson Gàidhlig ionnsachadh.	A' leantainn bho 2022	Poileasaidh Roinnleachdail, Cruth-atharrachadh is Ath-leasachadh na Roinne Poblach.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Trusadh is Sanasachd	Chan eil stiùireadh sam bith air trusadh airson dreuchdan Gàidhlig.	Leasaichidh sinn stiùireadh airson trusadh gu dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.	Modh-obrach cunbhalach a chur an gnìomh ann an trusadh gu dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.	2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic

		Bidh sinn a' sanasachadh airson dreuchdan Gàidhlig gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis cho-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.	Trusadh targaidte	2022	Gnothachais.
		Sanasaichidh sinn dreuchdan teagaisg air obraichean.co.uk, a' taisbeanadh spèis cho-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.	Trusadh targaidte	2022	

*1 Chuir sinn suirbhidh an gnìomh den luchd-obrach uile agus an comasan ann an Gàidhlig rè beatha a' chiad GLP (i.e. ann an 2015). Ann an 2021, ghabh sinn dàrna suirbhidh os làimh de luchd-obrach agus an comasan Gàidhlig. Tha na toraidhean ann an eàrr-ràdh 1 den Phlana seo.

*2 Ghabh àireamh de sheiseanan mothachaidh don Ghàidhlig àite, còmhla ri clasaichean còmhraidh Gàidhlig. Bha iad sin fosgailte do luchd-obrach uile, le prìomhachas ga thoirt do luchd-obrach san t-sreath thoisich, agus cuideachd air a fhrithealadh le àireamh de bhuill thaghte: ann an 2016, ghabh 34 den luchd-obrach agus 5 buill thaghte trèanadh mothachaidh don Ghàidhlig os làimh (2 latha slàn, aon leth-latha, agus aon seisean feasgair). Ann an 2017, fhritheil 23 buill den luchd-obrach, agus 3 buill thaghte dà sheisean còmhraidh Gàidhlig. Ann an 2021, ghabh 6 seiseanan de mhothachadh Gàidhlig sa Chruth-tìre àite do mheasgachadh de luchd-obrach agus a' choimhearsnachd (bha 3 seiseanan air an ruith a-rithist do luchd-èisteachd eadar-dhealaichte) – bha cuibheas de 17 dhaoine a' frithealadh gach seisean.

*3 Tha taic a chaidh a thoirt do thidsearan air a mhion-fhiosrachadh air d17.

*4 Thòisich clas do luchd-obrach aig àm lòn (gu corporra) ann an 2020 le 20 neach, ach b' fheudar an clas a stad mar thoradh air galar-sgaoilte covid. Thòisich e a-rithist san Fhaoilleach 2021 air-loidhne, agus tha e air leantainn on uair sin. A' leantainn air suirbhidh an luchd-obrach ann an 2021, dh'iarr àireamh mhòr de luchd-obrach seòrsa air choreigin de Ghàidhlig: fhuair eadhon còrr air 400 iarrtas airson clasaichean no mothachadh.

EARRANN 3

5 CUR TAIC RI PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha a' Chomhairle dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh agus tha sinn air 4 cinn a ghabhail a-steach, fo bheil sinn a' dèiligeadh ris na prìomhachasan sin: Togail Cànain, Cleachdadh, Inbhe agus Corpas. Tha sinn cuideachd a' tuigsinn gun tig cothroman eile am bàrr airson an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro bheatha a' Phlana Ghàidhlig, agus gabhaidh sinn an cothrom as fheàrr mar a thig e gu bith. Sgrùdaidh sinn dealasan poileasaidh làithreach gus raointean a chomharrachadh far am faod prìomhachasan* Plana Nàiseanta na Gàidhlig (2018 – 2023) a bhith air an in-chorpachadh, agus sgrùdar poileasaidhean ùra mar as iomchaidh. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo mar a bhith ann an co-rèir ri prionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith ga cleachdadh leis a' mhòr-chuid, nas trice agus le raon nas fharsainge de dhaoine, mar phàirt làitheil den bheatha ann an Alba.

*Prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

CLEACHDADH GÀIDHLIG: Prìomhachasan: Iomairtean a tha ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean is coimhearsnachdan • Iomairtean a tha ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga • Gàidhlig ann am meadhanan traidiseanta agus ùr • Gàidhlig anns na h-ealain, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail • Planaichean Gàidhlig • Gàidhlig san àite-obrach • Cleachdadh na Gàidhlig ann an dualchas, turasachd, biadh is deoch, àrainneachd agus gnìomhachasan chur-seachadan • Iomairtean a tha a' neartachadh saidhbheas, buntainneas agus cunbhalachd cànain • Iomairtean a tha ag adhartachadh cheanglaichean le Gàidhlig thall-thairis agus le mion-chànanan.

IONNSACHADH GÀIDHLIG: Prìomhachasan: Gàidhlig san teaghlach • Trusadh, gleidheadh, trèanadh agus solar sgioba-obrach tro mheadhan na Gàidhlig • Goireasan agus taic do dh'ionnsachadh • Gàidhlig ann an Tràth-Ionnsachadh agus Cùram-chloinne (ELC) • Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean • Foghlam ionnsachaidh Gàidhlig (GLE) ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean • Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-Ìre agus Foghlam Adhartach • Ionnsachadh Gàidhlig inbhich.

ADHARTACHADH GÀIDHLIG: Prìomhachasan: Taic do Ghàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba, a' Phàrlamaid agus taic poitigeach nas fharsainge • Planaichean Gàidhlig air am buileachadh le ùghdarrasan poblach (ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach) • Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig agus togail mothachadh tro: meadhanan Gàidhlig agus foghlam mheadhanan Gàidhlig eile aig gach ìre, agus ealain Ghàidhlig • Adhartachadh luach sòisealta, eaconamach agus cultarach na Gàidhlig • Teachdaireachdan dearbhach mun Ghàidhlig, dà-chànanachas, agus mu iomadachd agus in-ghabhail.

Tha ar ceithir raointean prìomhachais air an comharrachadh fo na cinn a leanas:

Togail Cànain

Meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan air aiseag taobh a-staigh theaghlaichean, agus le faotainn chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh anns an:

- dachaigh
- sgoil
- ionnsachadh inbhich

Cleachdadh Cànain

Brosnachadh cleachdadh nas motha air Gàidhlig, solarachadh chothroman airson cleachdadh cànain, agus adhartachadh cothrom air cruthan labhairt ann an Gàidhlig, ann an:

- Coimhearsnachdan
- Àite-obrach
- Meadhanan, Ealain, Dualchas is Turasachd

Inbhe Cànain

Cur ri meudachadh air faicsinneachd agus clastinneachd na Gàidhlig, ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh dhearbhadh don Ghàidhlig ann am beatha poblach na h-Alba, tro:

- ar Plana Gàidhlig
- Ìomhaigh dhearbhadh don Ghàidhlig
- faicsinneachd is aithne mheudaichte don Ghàidhlig ann an Alba

Corpas Cànan

Cur ri neartachadh air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh air a' chànan, tro:

- buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig
- càileachd agus cothrom air eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- fiosrachadh rannsachaidh mionaideach

TOGAIL CÀNAIN: DACHAIGH IS TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd a bhith a' toirt Gàidhlig do chlann san dachaigh agus an fheum air meudachadh san àireamh de chlann a tha a' togail Gàidhlig san dòigh seo a thuilleadh air an fheum air foghlam tràth-bhliadhnaichean ann an Gàidhlig àrdachadh.

Feallsanachd:

Tha rannsachadh agus eòlas eadar-nàiseanta a' sealltainn gum bi ionnsachadh cànan san dachaigh agus ann an solar tràth-bhliadhnaichean, deatamach don Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Alba. Tha cànan tràth a' ginteadh ceangal ri agus dilseachd don chànan agus a' solarachadh bunait airson agus dùil ri leantainneachd ann an ionnsachadh a' chànan Ghàidhlig.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Tràth-Bhliadhnaichean 0-3 Gàidhlig	Chan eil solar sgoil-àraich sam bith gu làithreach ann an Gàidhlig.	Cuiridh sinn taic ri Bòrd na Gàidhlig ann an libhrigeadh na h-iomairt air cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh a libhrigeadh, far an gabh sin a dhèanamh. Adhartaichidh sinn ionnsachadh na Gàidhlig do bhuidhnean com-pàirteachais a tha ag obair le clann fo aois 3 bliadhna.	Meudachadh ann an togail agus cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga san dachaigh. Cleachdaidh a' Chomhairle goireasan Bookbug Gàidhlig agus cumar ceangal ri Bòrd na Gàidhlig a thaobh leasachaidhean Gàidhlig le 'Cluich san Dachaigh' agus 'Cluich, Labhair, Leugh'.	2024	Sgoiltean is Ionnsachadh
Gàidhlig 0-3 san dachaigh agus suidheachadh tràth-bhliadhnaichean.	Tha seiseanan Bookbug Gàidhlig air tachairt *1	Cuiridh sinn taic ri Bòrd na Gàidhlig ann an libhrigeadh na h-iomairt aca gu cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh san dachaigh tro leabharlannan, suidheachaidhean ro-sgoile agus com-pàirteachasan slàinte. Adhartaichidh sinn ionnsachadh na Gàidhlig gu luchd-obrach bhuidhnean com-pàirteachais a tha ag obair le clann fo aois 3 bliadhna.	Foghlam tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig ath-stèidheachadh ro dheireadh a' Phlana.	2027	Sgoiltean is Ionnsachadh

*1 Sholaraidh Comann nam Pàrant oifigear air astar a libhrig mòran sheiseanan Bookbug Gàidhlig. Tha seo a-nis air stad, ach tha cuid de chosnaichean Angusalive (leabharlannan) air na ciad seiseanan a fhrithealadh, gus coimhead ri rannsachadh a thaobh an ruith iad fhèin. Tha pàrantan chloinne a tha a' frithealadh sgoil Whitehills air a bhith a' coimhead ri comas air Bookbug Gàidhlig a sholarachadh iad fhèin.



TOGAIL CÀNAIN: SGOILTEAN

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (GLE) agus an fheum air an taobh a-staigh air meudachadh ann an àireamhan agus feabhas air taic.

Feallsanachd:

Tha ionnsachadh Gàidhlig aig gach ìre deatamach don Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Alba. Tha an comas aig an dà chuid GME agus GLE air luchd-labhairt ùr a chruthachadh. Dhaibhsan a dh'ionnsaich Gàidhlig bho aois thràth, tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ag ath-neartachadh agus a' leudachadh an sgilean cànan, agus tha e cudromach gun lean e cho fada 's a ghabhas. Dhaibhsan às aonais cùl-raon mar seo, tha foghlam Gàidhlig èifeachdach ann a bhith a' toirt dhaibh comas air obrachadh le raon de chomasan Gàidhlig.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Solar ann an GME agus GLE	<p>Fiosrachadh ri fhaotainn fada is farsaing, a' gabhail a-steach air làrach-lìn na comhairle agus leabhar-làimhe na sgoile.</p> <p>Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaotainn ann am Bun-sgoil Whitehills. Tha àireamhan chloinne a' fàs ann an GME ann an Whitehills.</p> <p>Bidh sinn a' cumail latha fosgailte gach bliadhna ann am Bun-sgoil Whitehills do phàrantan le ùidh.</p>	<p>Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gum bi iomhaigh àrd aig a' Ghàidhlig, le bhith ag ath-ùrachadh an fhiosrachaidh air làrach-lìn Comhairle Aonghais.</p> <p>Bidh còraichean phàrantan air GME iarraidh fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, air an gabhail a-steach.</p> <p>Tha e-sgoil ga rannsachadh a thaobh solar Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile.</p>	<p>Leantainn air adhart a' meudachadh na h-àireimh de chlann a tha a' clàradh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (GME).</p> <p>Meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna anns an àireamh de chlann a tha an sàs ann am foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (GLE) san dà chuid bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean.</p> <p>Faotainneachd air cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean, a leudachadh.</p> <p>GME amalachadh gu h-iomlan anns an sgoil agus cothroman a ghabhail air Gàidhlig a roinn le càch no obrachadh le clasaichean eile agus clann fhollaiseachadh don Ghàidhlig ann an dòigh dheimhinneach ann an àrainneachd làitheil.</p>	2022 agus a' leantainn	Sgoiltean is Ionnsachadh / lionra phàrantan Gàidhlig

Trusadh	Cleachdadh air làrach-lìn My Job Scotland Recruitment. Trèanadh is taic àrdaichte ga thoirt do thidsearan GME.	Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun lean tidsearan GME orra a' faotainn buannachd bho chothroman trèanaidh àrdaichte e.g. tadhalan gu Sabhal Mòr Ostaig. Rannsaichidh sinn cothroman air leasachadh GLE ann an sgìre Aonghais. Bidh a' chomhairle a' conaltradh ri Bòrd na Gàidhlig a thaobh chothroman air an leasachadh, seo a thoirt air adhart.	Meudachadh ann an iomairtean gu an dà chuid GME agus GLE adhartachadh, a stèidheachadh agus a leudachadh aig ìrean bun-sgoile agus àrd-sgoile. Thèid solar GLPS sa bhun-sgoil a rannsachadh, còmhla ri comas air Gàidhlig ann an 1+2 a ghabhail a-steach, aig ìre bun-sgoile.	2024	Sgoiltean is Ionnsachadh
---------	--	---	--	------	--------------------------

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
CPD agus cultar	Ceanglaichean nan àite san GMU ann am Bun-sgoil Goodlyburn, ann am Peairt is Ceann Rois. Bidh sgoilearan bho Bhun-sgoil Whitehills a' frithealadh Mhòdan.	Leudaichidh sinn ceanglaichean gu ùghdarrasan eile. Bheir sinn feum à lìonraidheadh air-loidhne / sòisealta, mar thaic do ionnsachadh. Gabhaidh sinn gu tur ri dualchas Gàidhlig taobh a-staigh a' cho-theacsas nas fharsainge ealain is cultar Gàidhlig. Bidh cothrom aig daoine òga labhairt ri fileantaich bhon choimhearsnachd ealain, is eile.	Gu bheil aire gu leòr ga thoirt do thrusadh, gleidheadh, foghlam, taic agus leasachadh tidsearan GME agus GLE.	2022	Sgoiltean is Ionnsachadh
	Oideachadh ann an Gàidhlig *1	Cleachdaidh sinn ealain chruthachail gus gabhail ri cànan is ceòl na Gàidhlig.	Oideachadh ionnsramaideach ann an Gàidhlig.	2022	Sgoiltean is Ionnsachadh
Barantachd Càileachd	In-chur le eòlaiche Gàidhlig.	Gabhaidh sinn cothrom air taic bhon taobh a-muigh agus sgrùdadh bho thidsear Gàidhlig gach bliadhna airson 1 latha, gus tuilleadh barantachd càileachd a sholarachadh air Gàidhlig labhairte. Leanaidh sinn air adhart a' sgrùdadh solar.	Solaraidhidh sinn raon farsaing de chothroman do dhaoine òga ann an GME agus GLE gus an sgìlean Gàidhlig a neartachadh tro bharrachd cleachdaidh. Ceumannan uile gan gabhail gus càileachd an dà chuid GME agus GLE a dhèanamh tèarainte, tro Stiùireadh Nàiseanta agus	Leantainneach bho 2021	Sgoiltean is Ionnsachadh / lìonra phàrantan Gàidhlig

			meadhanan eile.		
--	--	--	-----------------	--	--

ADHARTAS:

*1 Ghabh an tidsear ciùil ann an Whitehills trèanadh Gàidhlig os làimh gu soirbheachail, agus a' solarachadh seinn is ceòl ann an Gàidhlig.



TOGAIL CÀNAIN: IONNSACHADH INBHICH

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd ionnsachadh Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile agus an fheum air adhartachadh le seo gus an crìonadh anns an àireamh de luchd-labhairt, a thilleadh. Tha sinn a' tuigsinn cuideachd an fheum shònraichte air àite na Gàidhlig a neartachadh san dà chuid Foghlam Adhartach (FE) agus Foghlam Àrd-Ire (HE).

Feallsanachd:

Tha foghlam Gàidhlig ann an roinnean Foghlam Adhartach agus Foghlam Àrd-Ire agus ionnsachadh Gàidhlig inbhich air an lìbhrigeadh gu neo-eisimeileach, deatamach don Ghàidhlig san àm ri teachd. Sna roinnean sin, tha comas aig ionnsachadh Gàidhlig air an àireamh de dhaoine a' labhairt agus a' cleachdadh Gàidhlig, a mheudachadh. A thuilleadh air sin, tha an dà roinn a' tabhann eòlas gun choimeas gus Gàidhlig a bheirteachadh ann an Alba agus leantainneachd chudromach is iomadachd ann an ionnsachadh Gàidhlig, a sholarachadh.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Ionnsachadh coimhearsnachd	A-nis ga sholarachadh	<p>Bidh sinn ag adhartachadh ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd.</p> <p>Leudaichidh sinn cothrom air, agus com-pàirteachadh ann an raon farsaing de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich taobh a-staigh sgìre Aonghais, agus an àireamh ag adhartachadh gu fileantachd a mheudachadh.</p> <p>Bidh sinn a' dèanamh cinnteach à cothroman air leantainneachd agus adhartas litearrachd agus sgilean cànan eile do dh'inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig, agus do dh'fhileantaich.</p>	An àireamh de dh'inbhich a' togail Gàidhlig a mheudachadh, agus sgilean cànan àrdachadh am measg dhaoine a tha fileanta ann an Gàidhlig.	Leantainn bho 2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.
Foghlam Àrd-Ìre / Adhartach	Chan eil cùrsaichean rim faotainn ann an sgìre Aonghais.	<p>Bidh sinn a' com-pàirteachadh le Colaiste Pheairt / Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, gus cùrsaichean Cànan Gàidhlig ann am Peairt is Ceann Rois, adhartachadh.</p> <p>Neartaichidh sinn an comas air leth ann am FE agus HE gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh ann an Alba.</p>	Goireasan matha a dhèanamh faotainneach mar thaic do dh'inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig.	2027	Coimhearsnachdan

CLEACHDADH CÀNAIN (1): COIMHEARSNACHDAN

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn gu bheil cruthachadh air àm teachdail seasmach don Ghàidhlig, a' ciallachadh meudachadh air an àireamh de dhaoine le comas air Gàidhlig a labhairt agus a cleachdadh air feadh nan coimhearsnachdan.

Feallsanachd:

Tha Gàidhlig sna coimhearsnachdan de chudromachd deatamach ann an adhartachadh cleachdadh mheudaichte air agus misneachd ann an Gàidhlig. Tha a' choimhearsnachd riatanach airson prìomh phrionnsapal Achd na Gàidhlig a bhuileachadh, de spèis cho-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Cur taic ri buidhnean nàiseanta ann an toirt leasachadh Gàidhlig air adhart ann an sgìre Aonghais.	Cothroman a chleachdadh mar a bhios iad ag èirigh.*1	Tha sinn gu gnìomhach a' conaltradh ri buidhnean nàiseanta Gàidhlig agus a' comharrachadh tuilleadh raointean gnìomhachd, a dh'fhaodadh Gàidhlig a thoirt air adhart.	Com-pàirt agus cleachdadh Gàidhlig ann an sgìre Aonghais a mheudachadh ann an raon de ghnìomhachdan làitheil, le bhith a' prìomhachadh sgoiltean far a bheil solar GME agus / no solar luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus an coimhearsnachdan (pàrantan is clann) mar phàirt den seo.	2024	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

ADHARTAS:

*1 Thug a' chomhairle aoigheachd do latha fosgailte don choimhearsnachd, agus pàrantan chloinne san amharc, ann an co-obrachadh le Comann nam Pàrant, Bòrd na Gàidhlig, agus buidhnean Gàidhlig eile. Chuir buill thaghte taic ris an tachartas a chumadh ann an aon de na h-àrd-sgoiltean. Rinn Bun-sgoil Whitehills bhidio dheth uile ann an Gàidhlig, bha Bookbug Gàidhlig ann, seisean ceàird ann an Gàidhlig, bòrd le biadh agus na facail Ghàidhlig aca rin taobh, còisir Ghàidhlig Dhùn Dè, agus stàlaichean le leabhraichean Gàidhlig agus goireasan Gàidhlig eile.

Ghabh a' chomhairle obair os làimh cuideachd còmhla ri buidhnean Gàidhlig eile gus seisean tadhail a chumail ann an leabharlann Baile Fharfair do phàrantan chloinne ann an GME aig Whitehills, agus do phàrant sam bith le ùidh ann an cuid chloinne air Gàidhlig ionnsachadh. Ghabh sreath de làithean ceàird / làithean spòrsail teaghlach ann an Gàidhlig, àite ann an co-obrachadh le Comann nam Pàrant: 6 aig deireadh 2016, agus 1 ann an 2017). Ghabh pàrantan pàirt cho math ri clann.

CLEACHDADH CÀNAIN (2): ÀITE-OBRACH COMHAIRLE AONGHAIS

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn gu bheil cruthachadh air àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, a' ciallachadh meudachadh air an àireamh de dhaoine le comas air Gàidhlig a labhairt agus a cleachdadh anns an àite-obrach.

Feallsanachd:

Tha Gàidhlig san àite-obrach bunaitheach do leudachadh air cleachdadh làitheil air a' Ghàidhlig, le bhith ag ath-neartachadh sgilean cànan gach neach fa leth agus àrdachadh inbhe fhaicsinneach a' chànain tron bheatha obrach làitheil.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Leasachadh Gàidhlig san àite-obrach.	Adhartachadh Gàidhlig nuair a dh'èireas cothroman *1	Leanaidh sinn ag adhartachadh agus a' misneachadh seasamh deimhinneach a dh'ionnsaigh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach.	Eòlas, ùidh agus cothroman do chosnaichean a mheudachadh, gus Gàidhlig a thuigsinn agus a chleachdadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh an àite-obrach.	Leantainn bho 2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

ADHARTAS:

*1 Tha sinn air litir-naidheachd eileagtronaigeach an luchd-obrach a chleachdadh gus gnìomhachd Ghàidhlig / làithean spòrsail / trèanadh / facail chumanta is eile, adhartachadh.

Chaidh cuimseachadh air cosnaichean a fhreagair ar suirbhidhean luchd-obrach aig an robh ùidh no ùidh mhòr ann am barrachd ionnsachadh mun Ghàidhlig, airson trèanadh ann am mothachadh don Ghàidhlig, trèanadh ann an còmhraidh, agus mu dheireadh ar clasaichean Gàidhlig do luchd-obrach.

CLEACHDAH CÀNAIN: EALAIN, MEADHANAN, DUALCHAS IS TURASACHD

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn cudromachd ealain, meadhanan agus dualchas Gàidhlig agus buannachdan an lùib turasachd.

Feallsanachd:


Tha làthaireachd Ghàidhlig ann an raointean ealain, meadhanan, dualchas agus turasachd, deatamach do ruigsinneachd air cruthan labhairt Gàidhlig adhartachadh; eòlas air dualchas Gàidhlig a mheudachadh; cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a mheudachadh agus Gàidhlig ann an stuth adhartachaidh do luchd-tadhail. Tha cleachdadh meudaichte air Gàidhlig sna raointean sin a' togail ìomhaigh na Gàidhlig le buannachdan comasach air turasachd a mheudachadh.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Adhartachadh agus meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig sna h-ealain, meadhanan, dualchas agus turasachd.	Adhartachadh cuibhrichte air Gàidhlig ann an taisbeanaidhean, turasachd is eile. *1 Tha sinn air còmhraidh fhosgladh le Àrainneachd Eachdraidheil Alba, agus a' coimhead ri dòighean air co-obrachadh. Rannsaichidh sinn comas air co-aoigheachd don Mhòd comasach leinn fhìn. Tha comas ann fhathast air co-aoigheachd le ùghdarras ionadail eile.	Brosnaichidh sinn meudachadh anns an raon, uiread agus càileachd na Gàidhlig ann an stuth clò-bhuailte agus meadhanan air-loidhne.	Cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh sna meadhanan, ealain, dualchas is turasachd, agus ìomhaigh àrdachadh gu h-àraid do luchd-tadhail.	Leantainn bho 2022	AngusAlive
		Brosnaichidh sinn ruigsinneachd air agus com-pàirt sna h-ealain ann an Gàidhlig.	A' bhuanachd eaconamach bhon roinn turasachd. Roinneadh air goireasan agus beachd-smuaintean le com-pàirtiche eile.	2022	
		Brosnaichidh sinn ìomhaigh mheudaichte don Ghàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchas agus cur-seachadan.		2024	
		Cruthaichidh sinn cothroman airson taic a thoirt do dh'amasan Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Liath.		2024	
		Cuiridh sinn taic ri agus adhartachidh sinn còisir sgoile Ghàidhlig Whitehills.			
		Rannsaichidh sinn comas air co-aoigheachd a thoirt don Mhòd Nàiseanta Rìoghail taobh a-staigh sgìre na comhairle.		2026	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

*1 Tha aon taisbeanadh air a bhith ann an sgìre Aonghais anns an robh Gàidhlig, ann an Taigh-tasgaidh is Gailearaidh Ealain Mhonadh Rois aig ANGUSalive, mar a leanas:

Taisbeanadh Landmark ann an Taigh-tasgaidh Mhonadh Rois air 10 Màrt – 21 Iuchar 2018

Rannsaich “Landmarks” nàdar cuairteach Litreachas is cultar Albannach, taobh ri taobh Monadh Rois a tha na chala cudromach mheadhan-aoiseach chun an latha an-diugh. Ann an 1920, thòisich reabhaid nua-aimsireil ann an litreachas Albannach ann am Monadh Rois, far an do chuidich sgrìobhadairean agus luchd-ealain sa choimhearsnachd le guth ùr agus gun choimeas a stèidheachadh do dh’Alba sna h-ealain. Bidh “Landmarks” a’ mòr-thaisbeanadh nan dealbhan ìceanach le Alasdair Moffat bhon ghinealach chliùiteach às dèidh an Dàrna Cogaidh Mhòir, de bhàird Albannach. Bidh Ruth Nicol a’ mòr-thaisbeanadh a dealbhan-peantaidh lùthmhor mòr-sgèile de chruthan-tìre a thug buaidh air agus a bhrosnaich na bàird sin. Bidh an dithis luchd-ealain a’ co-obrachadh leis a’ bhàird agus Ollamh Litreachais Albannach, Alan Riach, le a sgrìobhaidhean agus eòlas breithneachail a’ cur gu mòr ris a’ phròiseact. Bha “Landmarks” cuideachd a’ gabhail a-steach “Guth na h-Alba”, dealbh-peantaidh ùr le Moffat agus a phiuthar do “Pub nam Bàird” ainmeil. B’ e amas an taisbeanaidh seo buaidh nan làraichean air ar sgrìobhadairean, bàird, seinneadairean agus luchd-ciùil, a rannsachadh agus beachdachadh air na buaidhean orrasan a bha air am follaiseachadh do dh’àrainneachd mara mar phàirt den traoghadh is lìonadh nàdarra air beachdan.



INBHE CÀNAIN

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn gus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh agus ionnsachadh is bàidh don chànan sa bheatha làitheil a mheudachadh, gu bheil iomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig sa bheatha làitheil riatanach.

Feallsanachd:

Tha inbhe na Gàidhlig fo bhuidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, air a luach agus air a faicinn leis na h-aitreabhan sin aig a bheil àite cudromach ann am beatha làitheil gach neach.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Togail iomhaigh agus inbhe na Gàidhlig san àrainneachd làitheil ann an sgìre Aonghais.	Adhartachadh gnìomhach nuair a thig cothrom.	Tha sinn dealasach a thaobh nan gnìomhan nar gealltanais sa Phlana Ghàidhlig. Meudaichidh sinn faicsinneachd na Gàidhlig air conaltradhean na comhairle, ainmean sràide, làrach-lìn, is eile.	Ar dealas a thaisbeanadh don phoball a thaobh taic, leasachadh, adhartachadh agus brosnachadh Gàidhlig sa bheatha làitheil.	Leantainn bho 2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnothachais.

ADHARTAS:

Tha sinn air ar Plana Ghàidhlig adhartachadh, air faicsinneachd a mheudachadh le ainmean sràide, air Gàidhlig a chur ris an làraich-lìn againn, air tachartasan a shanasachadh don phoball, leithid seiseanan spòrsail teaghlaich ann an Gàidhlig, ar tachartas tadhail Ghàidhlig, latha mothachaidh don Ghàidhlig. Tha sinn air tachartasan eile adhartachadh, leithid an Kilted Otter, air a ruith ann an 2021 le Oilthigh Obar Tatha, agus an fheadhainn air an ruith le ar n-ùghdarrasan san nàbaidheachd.

CORPAS CÀNAIN

Tha Comhairle Aonghais a' tuigsinn gunn feum Gàidhlig a bhith freagarrach do na h-adhbharan iomchaidh uile agus airson cleachdadh ann an raon a tha a' fàs de cho-theacsachan (mar eisimpleir ann an suirbhidhean agus rannsachadh) sa bheil i a' nochdadh.

Feallsanachd:

Tha feum air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, luach a chur air cudromachd furastachaidh air seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachadh air a' chànan, adhartachadh.

Raon Leasachaidh	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan	Amas Coileanaidh	Raon-ama	Stiùir
Structaran is ceumannan iomchaidh a chur nan àite gu dèanamh cinnteach gu bheil beairteas, buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig, air a chumail suas agus air a neartachadh.	Co-obrachadh le Ainmean-Àite na h-Alba nuair a bhios sin riatanach (m.e. soidhneachd dà-chànanach).	<p>Bidh sinn a' dèanamh cinnteach à càileachd agus ruigsinneachd ann an eadar-theangachaidhean is eadar-mhìneachadh Gàidhlig, taobh a-staigh nam frèaman-ama ceudna ri Beurla, mar a bhios comasach.</p> <p>Cleachdaidh sinn fiosrachadh cho mionaideach 's a ghabhas anns gach raon de ghnìomhachd is leasachadh Gàidhlig, gus poileasaidhean fhiosrachadh mar as iomchaidh.</p> <p>Co-obrachaidh sinn le Ainmean-Àite na h-Alba gus cuideachadh a thoirt ann an lìbhrigeadh liosta ùghdarrasail agus aontaichte de ainmean-àite ann an lìbhrigeadh soidhneachd Ghàidhlig.</p> <p>Cuiridh sinn riaghailtean Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig aig SQA an gnìomh ann am foillseachaidhean comhairle air an taobh a-muigh, air am faicinn iomchaidh ann an Gàidhlig.</p>	Buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh.	2022 – 2027	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnòthachais.
	Chaidh buidheann Gàidhlig co-roinneil a stèidheachadh le riochdairean bho chomhairlean Siorrachd Obar Dheathain, Dùn Dè, Fìobha agus Peairt is Ceann Rois. Tha am buidheann seo leantainneach.	Buill a' co-roinneadh fiosrachadh / eòlas / fèin-eòlas mun Ghàidhlig.	Raointean de dh'adhbhar co-ionann a leasachadh.	2022	HR, Comasachadh Didseatach, IT agus Taic Gnòthachais.

Bha pios de phrìomh rannsachadh air a ghabhail os làimh agus a chrìochnachadh ann an co-obrachadh le comhairlean Obar Dheathain, Dùn Dè, Fìobha agus Peairt is Ceann Rois. Chaidh a chrìochnachadh agus a chuairteachadh ann an 2021 agus tha e a' toirt fiosrachadh eachdraidheil mun Ghàidhlig sna làraichean sin, gan toirt suas chun an latha an-diugh.

Ghabh sgìre Aonghais pàirt ann an deireadh-sheachdain ionnsachaidh teaghlaich a' comharrachadh cànan is cultar, a chumadh ann agus mu thimcheall Obar Pheallaidh taobh ri taobh leis a' Mhòd ionadail.

Tha sgìre Aonghais a' com-pàirteachadh ann am Mòd Siorrachd Pheairt is Aonghais, air a libhrigeadh le meur Obar Pheallaidh 's an Sgìre den Chomunn Ghàidhealach, a bhios a' gabhail àite ann an Obar Pheallaidh agus a' tarraing còrr air còig cheud com-pàirtiche gach bliadhna. Tha

	raon de thachartasan ciùil, ealain agus litreachais, air an gabhail a-steach sa phrògram bhliadhnail de thachartasan, a tha a' gabhail a-steach tadhalan bho Shlighe Cèilidh Fèis Rois agus Fèis Spè.				
--	--	--	--	--	--



EARRANN 4

6 BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Bidh am Plana seo ri fhaotainn gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn, agus foillsichte air meadhanan sòisealta. A thuilleadh air sin:

- bidh lethbhreacan den Phlana rim faotainn ann an leabharlannan poblach;
- thèid am Plana adhartachadh gu gnìomhach gu cosnaichean air an Eadra-lìon againn;
- thèid buidhnean eile agus treas phàrtaidhean a tha a' libhrigeadh sheirbheisean às leth na comhairle, a stiùireadh gu làrach-lìn na comhairle gus a' chomhairle a chuideachadh le gèilleadh don Phlana;
- tha lethbhreacan den Phlana air an sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig;
- tha lethbhreacan den Phlana rim faotainn le an iarraidh.

Bidh am Plana gnìomhach airson ùine de 5 bliadhna bho 2022, agus nì sinn ath-sgrùdadh air a' Phlana gun a bhith nas fhaide na 5 bliadhna às dèidh a' chinn-latha a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ann an earrannan 2 agus 3, tha sinn air cinn-latha targaid fa leth a stèidheachadh airson gealltanasan sònraichte sa Phlana a bhuileachadh.

Tha buidheann leasachaidh an làthair air an taobh a-staigh gus gnìomhan a cho-òrdanachadh, a leasachadh agus a sgrùdadh.

Tha Angusalive mar an t-Urras a tha a' libhrigeadh nan dealasan cultarach don Ghàidhlig às leth na comhairle. Tha àite aig ball den luchd-obrach bhon Urras air a' bhuidheann leasachaidh Gàidhlig air an taobh a-staigh.

Thèid sgrùdadh a choileanadh air an taobh a-staigh le buidheann cho-ionannachdan corporra, a tha cunntachail don sgioba stiùiridh. Thèid aithisg sgrùdaidh bhliadhnail a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Bidh na riatanasan ghoireasan don Phlana air an gabhail a-steach mar phàirt de bheachdachaidhean planaidh ionmhasail na Comhairle.

Tha an t-uallach iomlan airson buileachadh a' Phlana a' laighe le Àrd-Oifigear na Comhairle, Margo NicUilleim, Taigh Aonghais, Pàirc Gnothachais Orchardbank, Baile Fharfair, Sgìre Aonghais DD8 1AN. Fòn: 01307 492616.

Is e an Stiùiriche le prìomh uallach airson a' Phlana:

Stiùiriche Bun-structar
Comhairle Aonghais
Taigh Aonghais
Pàirc Gnothachais Orchardbank
Baile Fharfair
DD8 1AN

Bu chòir do bheachdan no ceistean mu shusbaint a' Phlana seo, an seòladh gu:

Àrd-Chleachdaiche Cho-ionannachdan
HR, Comasachadh Didseatach, IT is Taic Gnothachais
Buidheann-stiùiridh Comhairle Aonghais
Taigh Aonghais
Pàirc Gnothachais Orchardbank
Baile Fharfair
DD8 1AN

01307 492374
phillipsd@angus.gov.uk

